

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh **air astar** air Dimàirt 23 Gearran 2021 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr G Adam
Mgr R Bremner
A' Bh-uas I Chaimbeul
Mr I Gòrdon
Mgr A MacEanraig

Mgr A MacAonghais
Mgr D MacAoidh
Mgr G MacCoinnich
Mgr C Rothach
Mgr D Rixson

Neo-Bhall an làthair cuideachd:

Mgr I MacFhionnlaigh

A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig
Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh
A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas A NicRath, Rianaire Comataidh, Seirbheis a' Choileanadh is an Riaghlachais

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas S NicIlinnein, Ceannard, Bòrd na Gàidhlig
Mgr S Whannel, Stiùiriche an Fhoghlaim, Bòrd na Gàidhlig

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr A MhicFhionghuin, na M-uas M NicPheadrais, na M-uas E Roddick agus Mhgr A Mhic na Ceàrdaich.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt

Thug a' Chomataidh **FA-NEAR** do na foillseachaidhean com-pàirt a leanas:-

Cuspair 7 – Mgr C Rothach (ionmhasail)

Cuspair 8 – Mgr A MacEanraig (ionmhasail) agus Mgr R Bremner (an dà chuid ionmhasail agus neo-ionmhasail)

Dh'fhoillsich Mgr R Bremner com-pàirt neo-ionmhasail cuideachd ann an cuspair sam bith a dh'fhaodadh buntainn ris a' cheangal aige ris na buidhnean a leanas: Mòd Ionadail Ghallaibh agus Chataibh, Meur Ghallaibh a' Chomuinn Ghàidhealaich, Còisir

Ghàidhlig na Mealbhaich, Atomaig Piseag (Còisir Ghàidhlig) agus Comataidh Eagrachaidh Ionadail Mòd Ghallaibh 2010.

3. Suidheachadh Iar-Chathraiche

Às dèidh a bhith air am moladh is taic fhaighinn, chaidh ainmeachaidhean fhaotainn airson dreuchd Iar-Chathraiche Chomataidh na Gàidhlig mar a leanas:-

Mgr R Bremner
Mgr A MacEanraig

Nuair a chaidh bhòt a ghabhail fhuair Mgr Bremner 4 bhòtaichean agus fhuair Mgr MacEanraig 6 bhòtaichean, gun neach sam bith a' seachnadh bhòtadh, agus chaidh na bhòtaichean a chur mar a leanas:-

Bhòtaichean do Mhgr Bremner

Mgr R Bremner, Mgr A MacAonghais, Mgr D MacAoidh agus Mgr G MacCoinnich

Bhòtaichean do Mhgr MacEanraig

Mgr G Adam, A' Bh-uas I Chaimbeul, Mgr I Gòrdan, Mgr A MacEanraig, Mgr C Rothach agus Mgr D Rixson

Mar sin **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gum bu chòir do Mhgr MacEanraig a bhith na Iar-Chathraiche air Comataidh na Gàidhlig.

4. Naidheachdan Matha

Thug a' Chomataidh **FA-NEAR** do na naidheachdan matha a leanas:-

- Chuir an Cathraiche fàilte air taic Mhinistireil agus chom-pàirteach airson tachartas dreuchdan Gàidhlig, 'Siuthad' a bha luchd-obrach leasachadh coimhearsnachd Chomhairle na Gàidhealtachd a' cur air dòigh gach bliadhna agus a chaidh a chumail san t-Samhain;
- Chaidh pròiseact ùr airson taic a chur ri ionnsachadh Gàidhlig a chur air bhog le MG Alba, a' tabhann dòigh-ionnsachaidh cho iomlan 's a tha air a bhith ann airson ginealach. Dheigheadh SpeakGaelic a chur air bhog anns an t-Sultain 2021 le cùrsa, làrach-lìn ionnsachaidh agus prògraman a' dol còmhla ris thar àrd-ùrlaran BBC Alba;
- Fhuair Film G, an fharpais bhliadhnail fhilmichean Gàidhlig, an àireamh as motha de thagraidhean a fhuair iad riamh. Uile gu lèir, bha 95 filmichean agus 9 sgriobtaichean am measg thagraidhean na bliadhna sa;
- Bha Hana agus Raonaid NicNèill, Bun-Sgoil Mhalaig, air Duais Innleachdas ann am Foghlam Gàidhlig na h-Alba a bhuannachadh airson Clasrum Air an Oir. Bha FC Sonas cuideachd ann an cuairt dheireannach na farpais seo, airson a bhith a' brosnachadh dhaoine òga gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean coimhearsnachd a' cleachdadh dùbhlain ball-coise; agus
- Chaidh meal-an-naidheachd a chur air Bun-Sgoil Chille Mhoire agus Bun-Sgoil Stafainn airson tagradh soirbheachail a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson taic le pròiseact coimhearsnachd sgoile. Bheireadh am pròiseact, a fhuair duais £2,200, taic is brosnachadh do bhith a' cleachdadh na Gàidhlig taobh a-muigh a' churraicealaim am measg sgoilearan Foghlam tron Ghàidhlig le bhith a' toirt barrachd chothroman dhaibh a' Ghàidhlig a bhruidhinn taobh a-muigh a' chlasa

ann an grunn shuidheachaidhean. Bhiodh cothrom aig daoine òga ceangal a thogail le luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig sa choimhearsnachd ionadail ann am pròiseact eadar-ghinealaich.

5. Taisbeanadh – Bòrd na Gàidhlig

Thug Shona NicIllinnein, Ceannard, agus Jim Whannel, Stiùiriche an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig, seachad taisbeanadh mu dhreuchd a' Bhùird agus Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig agus chuireadh fàilte air a' mheudachadh ann an co-obrachadh le Comhairle na Gàidhealtachd, gu h-àraid aig ìre Àrd-Oifigearan. Bha an taisbeanadh aca a' còmhach trì prìomh chuspairean: a' cleachdadh na Gàidhlig, ag ionnsachadh na Gàidhlig agus a' brosnachadh na Gàidhlig, agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith air an adhartachadh is air an neartachadh.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- Bu chòir rannsachadh a dhèanamh air cothroman a bharrachd gus teisteanasan teagaisg a thoirt seachad ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG). Bheireadh seo air adhart luchd-obrach le sgilean nas farsainghe;
- Chaidh aithne a thoirt do dh'obair chom-pàirteach, gu h-àraid tro na h-amannan dùbhlach a chaidh fhiosrach tron bhliadhna a chaidh seachad. Bha dreuchd chudromach aig Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail agus bha pàirt riatanach aca tron ceangal le Comhairle na Gàidhealtachd ann a bhith a' cuideachadh gus FtG a libhrigeadh tron ghalar mhòr-sgaoilte. Ach a dh'aindeoin seo, bha e cudromach gun deigheadh measadh a dhèanamh air na chaidh ionnsachadh agus dh'fheumadh planaichean Bòrd na Gàidhlig co-thaobhadh ris a seo;
- Chaidh moladh a dhèanamh air an sgeama bhogaidh gus tidsearan a ghluasad gu FtG ach bha e cudromach gun robh an luchd-obrach seo an uair sin a' faighinn taic. Bha e cudromach cuideachd gun deigheadh an comasan a thomhas;
- Chaidh cuireadh a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig gus taisbeanadh a thoirt seachad do Chomataidh an Fhoghlaim airson dealbh nas farsainghe a thoirt do Bhuill mu na bha a' tachairt aig ìre nàiseanta; agus
- Chaidh fiosrachadh iarraidh mun àireimh Oifigearan Leasachaidh a bha aig Bòrd na Gàidhlig agus far an robh iad air an suidheachadh.

Às dèidh taing a thoirt dhan Bh-uas Shona NicIllinnein agus do Mhgr Jim Whannel, thug a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

6. Adhartas mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3 (Aithisg Ràitheil, Pròiseas Sgrùdaidh)

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/1/21 le ceann-latha 3 Gearran 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Thog an Cathraiche a' phuing gun robh Plana Gàidhlig na Comhairle a' ceangal ri Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig agus gun robh na dhà letheach-slighe trom beathannan. Aig coinneamhan Comataidh san àm ri teachd bhiodh fòcas air an adhartas a bhathar a' dèanamh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan aithisg ràitheil mu choinneamh Plana na Gàidhlig 3 agus do na leasachaidhean leantainneach agus soirbheachail; agus
- ii. do na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' buileachadh nan gnìomhan comasachaidh sa Phlana, gu ìre mhòir air sàillibh a' ghalair mhòr-sgaoilte, agus gun robh seo air beagan sleamhnachaidh adhbharachadh.

7. Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – Fios às Ùr

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr C Rothach com-pàirt ionmhasail sa chuspair seach gu bheil ball dlùth teaghlaich ag obair mar thidsear ann am Foghlam tron Ghàidhlig ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mineachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/2/21 le ceann-latha 3 Gearran 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na ceumannan practaigeach a dh'fhaodadh a bhith air an gabhail gus cleachdadh na Gàidhlig sa phròiseas ionnsachaidh a bhrosnachadh;
- Bha e cudromach gus deigheadh feum cho math 's a ghabhadh a dhèanamh de Sgioba Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig agus dèanamh cinnteach gun robh com-pàirteachas agus conaltradh làidir. Cuideachd, bha feum air soilleireachd is soilleireachadh gus dèanamh cinnteach gun robh na diofar shlighean a' tighinn còmhla;
- Air sgath àireamh sgoiltean FtG na Gàidhealtachd, bu chòir dhan ùghdarras a bhith a' faighinn àireamh nas motha de thidsearan pròbhaidh; agus
- Chaidh fiosrachadh a shireadh mun àireimh sgoilearan ag ionnsachadh na Gàidhlig.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. do na gnìomhan a bhathar air gabhail os làimh gus buaidh Covid air lìbhrigeadh Foghlaim Ghàidhlig a mhaothachadh; agus
- ii. do raointean leasachaidh làithreach is teachdail.

8. Fèis BLAS 2020

Foillseachaidhean Com-pàirt:

Dh'fhoillsich Mgr A MacEanraig com-pàirt ionmhasail sa chuspair seo seach gun robh ball teaghlaich corra uair a' faighinn cosnadh pàighte bho Bhlas ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mineachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Dh'fhoillsich Mgr R Bremner com-pàirt an dà chuid ionmhasail agus neo-ionmhasail sa chuspair seo seach gun robh e air pàirt a ghabhail ann am prògraman Blas roimhe, an dà chuid mar Fhear an Taighe agus mar bhall de bhuidheann chom-pàirteach agus mar aoigh air cèilidh taighe ach, seach gun robh a' chom-pàirt eachdraidheil agus seach gun robh com-pàirt san àm ri teachd buailteach a bhith bhiortail, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/3/21 le ceann-latha 3 Gearran 2021 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Chomharraich an Cathraiche gun robh sàr luach airgid an lùib Fèis Blas agus, seach gun robh i air-loidhne, gum biodh i math dh'fhaodte air luchd-èisteachd nas farsainge a ruigsinn;
- Chaidh fàilte a chur air Fèis nan Tallachan Beaga a bha mar phàirt de Bhlas;
- Tha Blas air a bhith na deagh eisimpleir de dh'fhèisean a bhith a' dol air-loidhne. A dh'aindeoin duilgheadasan aig an toiseach, bhathar air leasanan ionnsachadh agus, nam biodh feum air, dh'fhaodadh an fhèis a bhith air a ruith air-loidhne a-rithist; agus
- Dh'fhaodadh e a bhith cosgail tachartasan a fhrithealadh, a thaobh siubhal is àite-fuirich is eile, ach tron fhèis air-loidhne bha cothrom ann na tachartasan a choimhead bho chofhurtachd na dachaigh.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg;
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan obair a rinneadh gus an fhèis a ghluasad gu àrd-ùrlaran air-loidhne; agus
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh Fèisean nan Gàidheal a mholadh airson Fèis 2020 a libhrigeadh gu soirbheachail.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.15f.